

Oifigear Gàidhlig Tuairisgeul Obrach



Dreuchd: Oifigear Gàidhlig Ceann a Tuath na Hearadh

Àite: Ceann a Tuath na Hearadh, le oifis air an Tairbeart

Uairean: 35 uairean san t-seachdain. Uairean àbhaisteach DiLuain gu DiHaoine 9m gu 5f, le uair dheth airson biadh a ghabhail, ach uaireannan feumar obrachadh feasgar neo DiSathairne

Tuarastal: £24,500 - £28,000 fad bliadhna

Cùmhnant: Làn-thìde, teirm-suidhichte, 24 mìosan

Fo stiùir: Manaidsear nan Urrais

Co-theacsa na h-Obrach:

Tha an t-Urras ag amas air ath-bheòthachadh agus leasachadh a thoirt air coimhearsnachd Ceann a Tuath na Hearadh tro Oighreachd Ceann a Tuath na Hearadh a thoirt air adhart mar àite sònraichte a tha maiseach, sgurrach agus fiadhaich. Nithear seo le pàirteachas ionadail agus co-obrachadh ri chèile le com-pàirtichean eile mar a bhios sin iomchaidh, airson gum faigh a' choimhearsnachd agus an sluagh air fad buannachd.

Prìomh Chinn-uidhe:

- Pàirt a ghabhail ann an sgioba rianachd aig Urras Ceann a Tuath na Hearadh, agus ag obair gu sònraichte ann an rianachd maoineachaidh.
- Cuir air dòigh cothroman gus Gàidhlig a chleachdadh ann an dòigh nàdarra anns an Urras agus ann an coimhearsnachd Ceann a Tuath na Hearadh.
- Taic a thoirt do dhaoine gus Oighreachd Ceann a Tuath na Hearadh a chleachdadh airson measgachadh de amasan sòisealta, eaconomaigeach agus àrainneachdail.

Dleastanasan Sònraichte:

- Thoir taic do phrògram dùthchail airson òigridh, ag obair le sgoiltean ionadail 's buidhnean eile mar eisimpleir Còmun na Gàidhlig.
- Le taic bho luchd-obrach eile, stiùir am Maoin Choimhearsnachd aig an Urras, a tha ceangailte ri crainn-ghaoithe Mònan.
- Dèan poileasaidh Gàidhlig sgrìobhte airson Urras Ceann a Tuath na Hearadh, le aonta bho Bhòrd-stiùiridh an Urrais.

- Thoir taic do thachartasan ionadail Gàidhlig a bhrosnachadh, mar eisimpleir Outer Hebrides Wildlife Festival, Fèis na Mara na Hearadh.
- Obair comhla ris an lionradh oifigearan Gàidhlig tro na h-Eileanan Siar.
- Cuir crìoch air pròiseact ainmean-àite Ceann a Tuath na Hearadh.
- Ma bhios ùidh gu leòr eadar coimhearsnachdean na Hearadh, cuir taic ri plana Gàidhlig coimhearsnachd airson na Hearadh ullachadh.
- Dleastanas iomchaidh sam bith eile.

Comasan agus Eòlas: Riatanach

- Deagh sgilean conalaidh agus sgrìobhaidh ann an Gàidhlig agus Beurla.
- Comasach dàimh math a leasachadh leis a' choimhearsnachd agus buidhnean eile.
- Feumaidh an neach a bhith fèin-bhrosnachadh, le féin-smachd agus comasach air a bhith ag obair leis fhèin.
- Comasach air Outlook, Word agus Meadhanan Sociealta a chleachdadh

Gnàth-eòlas: Bhiodh na nithean a leanas nam buannachd

- Foghlam mun croiteareachd
- Obair ann an coimhearsnachd

Bidh an Urras Ceann a Tuath na Hearadh le taic bho:

